

Ethel Smyth

Sgrìobhaiche-ciùil, stiùiriche-ciùil,
iomairtiche, ùghdair

22mh Giblean, 1858 – 8mh Cèitean, 1944
(chaochladh aig 88 bliadhna a dh'aois)



GEÀRR-CHUNNTAS

Eas-aontach, buaireasach, dàna, doirbh, sgoinneal 's air a beò-ghlacadh; ghiùlain Ethel Smyth a beatha ann an dòigh a bha cho fìor, cho ùghdarrail is cho gaisgeil – aig àm ann an eachdraidh nuair a bha a h-uile nì agus a h-uile duine ag iarraidh oirre gun a bhith – is tha sin an-diugh cha mhòr doirbh dhuinn saoiltinn.

Aig àm nuair nach robh dùil ri mnathan ach a bhith boireanta, liugach agus aontach: cha robh ise. Aig àm nuair a bha dùil ri mnathan pòsadh, a bhith os cionn nithean an dachaigh agus phàistean: cha robh ise. Agus aig àm nuair a bha còir air mnathan gaol a thoirt do fir, neo leigeil orra: cha leigeadh ise.

An àite sin, choilean i dreuchd mar sgrìobhaiche-ciùil agus stiùiriche-ciùil shoirbheachail, a' sgrìobhadh rudan a bha ùr-ghnàthach agus adhartach. Ghabh i ri gaolaireachd agus beò-ghlacadh le ban iomraiteach (a gabhail a-steach an sufragaid Emmeline Pankhurst), fir a bha pòsta agus an cuid mnàthan-pòsta. Sgrìobh i uiread mhòr de litrichean, aistidhean agus aithrisean-beatha a thug dealbh mùirneach is fosgailte de a dlùth-chaidreibh. Na 50an, choisrig i i fhèin gu gluasad còir bhòtaidh nam ban, fiù 's a cur seachad mìosan sa phrìosan. Bhiodh i a cur oirre deiseachan clò sa chuid as mothà, a cluich goilf agus a sreap nam beann. Leig i tric ma sgaoil na beachdan àrd-bhriathrach aice, a bha uaireannan croiseil agus bha i neo-leisgeulach agus gun nàire oirre fhèin.

Gu ruige a bàs, aig aois 88, bha i gu cunbalach ri strì gus am faigheadh a ceòl aithneachadh agus gun deidheadh còir a chluich. Rinn i strì gum biodh a' chomas aig boireannaich bhòtadh agus rinn i strì an aghaidh bheachdan shòisealta air dè bha air a ghabhail gu freagarrach agus dè nach robh.

ÀRD-SHEALLADH CHÙRSA-OBRACH

Rugadh Ethel ann an Kent ann an 1858. Bha fios aice bho aois òg gum biodh a beatha air a choisrigeadh ri ceòl ach cha robh a h-athair, duine cruaidh às an arm, dèidheil air a bheachd idir. 'S a chuimhne as tràithe a tha ann mu iomairteachd a h-òige, għlas i i fhìn na seòmar-cadail is dhiùlt i ithe neo tighinn a-mach gus an do ghèill h-athair agus gun do leig e leatha. B' i a' chiad bhoireannach a chaidh 's a leugh aig Conservatory Leipzig urramail sa Għearmailt.

An sin bha i am measg sgrìobhaichean-ciùil ainmeil (agus fireanta) na h-àma -Tchaikovsky, Dvorák, Grieg, Brahms – agus theinnich miann Ethel a bhith aithnichte mar sgrìobhadair-ciùil, gu dearbh cha b' e na tidsear neo cleasaiche dhùthchail mar a bu chumanta a bha an iùil nam ban a bha air àite fhaighinn ann an saogħail a' chiùil aig an àm seo. Cheana, 's e dùbhlan mhōr, mar sreap a' chait ris a' chaileadh, a bh' ann ach gun teagamh bha Ethel ag iarraidh barrachd. Bha i ag iarraidh gun rachadh a cheòl aice a bhith air a chluich agus air a mheas gu àrd-ìre; bha i ag iarraidh a bhith air an aon àrd-ùrlair, sa h-uile gniomh, 's a bha na fir.

As aonais a bhith cuir am meud, tha e air leth barraichte agus sònraichte gun do choilean i seo – eisimpleir air an fhior chumhachd a bha na riar agus dìcheall. As dèidh taic fhaighinn bho chūl-taic agus stiùirichean-chiùil, cha b' e a-mhàin gun deach a ceòl air fad a chluich, choilean i iomadachd "ciad turas" mar sgrìobhadair-ciùil bhoireanta a gabail a-staigh a' chiad opara air àrd-ùrlair an New York Metropolitan Opera (Der Wald, 1903), a' chiad bhoireannach gus ban-tighearnachd a għl-eidheadh airson coileanachd chiùil (1922) agus bho chionn dà bhliadhna opara air àrd-ùrlair Glyndebourne (2022).

Bha cùrsa-obrach ceart ach gu tur "mì-bhoireanta" aice: chur i seachad a h-ùine a' sgrìobhadh chiùil agus a' siubhal tarsaing na Roinn Eòrpa airson a h-obair. Chluich i gu mì-fhoirmeil airson a' Bhànigh Bhictòria agus rinn i caraidean as rioghalachd na Roinn Eòrpa. A bharrachd air an seo bha mòran de na rinn i a-mach as an àbhaist, làn spionnad, le cuspairean iongantach agus a' gabail ri h-ùidhean na beatha fhèin - mar eisimpleir chaidh *The Wreckers* a' sgrìobhadh ann an 1902-04 agus tha e na opara ionmholta feimineach. 'S e laoidh làidir feimineachd agus iomairteachd a tha ann an *The March of the Women* a chaidh chluich ann an 1911 air fuasgladh còir-bhòtaidh nam ban.

FEISEALACHD AGUS GNÈ

Tha seo air fad a' toirt dealbh gu math soirbheachail dhuinn ach gu dè an ìre air a bheil daoine air cluinntinn mu Ethel Smyth an-diugh? A dh'aindeoin a buaidh, nuair a dh'eug Ethel ann an 1944 cha mhōr gun deach a ceòl a-mach à sealladh – agus tha argamaid làidir ann, nam b' e gum bu ghnè eile i, nach biodh seo air tachairt.

Nuair a thòisich i a' sgrìobhadh an toiseachd, cha mhōr gun robh rudeigin daonnan, ann an lèirmheasan dhe h-obrach, a bha liogach neo a' sealltann sealladh mì-cheart 's a bha stèidhichte air a gnè - oir, mar a dh'ionnsaichear, cha robh dòigh ann a dh'fhaodadh boireannach ceòl a' sgrìobhadh gu ceart. A bhith na boireannach – bha ceòl èasgaidh, làn spionnad agus dealasach air a dhì-meas agus e cho "mì-nàdarra". A bhith nad bhoireannach, bha rud sam bith nas socrache le maoth-inntinn air a chaitheamh a-mach am beachd leis gun robh e görach agus suarach - ceòl dùthchail, dachaigheil do bhoireannaich a-mhàin, a chluichear aig an taigh e. B' e freagairt Ethel, mar a dh'fhaodadh tu tomhais, gun foir a thoirt dhaibh idir agus cumail a' dol le bhith dèanamh na bha a' faireachdainn ceart dhith fhèin.

Gun dearbh, cha b' e a-mhàin a gnè a' shoillsich diofar air Ethel bho chàch. Bha i beò gu fosigailte agus gun leisgeul, cha b' e a-mhàin mar neach LGDTCEN+ ach neach iom-fhillte. Bha sin agus ged a bha a beatha Romansach do-dhèanta ainmeachadh bha feartan na lùib,

mar a còir de beatha, le a miann fhèin, a' leantainn ge bith dè bha an dùil rithe bho dhaoine eile. 'S an iomadach càirdeas a th' air a chlàradh aice, bhiodh i tric a' fàs ann an caidreamh a bha co-ionnan agus domhainn le dhaoine eile agus bha comasan aice a bhith air a glacadh le daoine gu aoibhneach beòthail, san dà chuid gaol agus àrd-chiallach, fad a beatha.

Na dòigh obrach fosgailte gun iomagain, an àite a bhith a' falach a faireachdainnean, an àite bhith leigeil le uallach mhòr na bha an t-saoghal timcheall oirre ag iarraidh, leig i le fhillteachd a feisealachd a bhith na bheachd-smaoineachaidh. B' ann aig àm mus robh an eadar-lionn, meadhanan-sòisealta agus smuaintean cumanta adhartach ri fhaotainn a bha seo gus taic a thabhairn, riochdachadh a thoirt agus daoine dhen aon bheachd a thoirt còmhla.

A' sgrìobhadh, ann an 1892, le culaidh-iongnaidh mùirneach - ach culaidh-iongnaidh a sheall gu doirbh 's a bha creideamh na h-ama, dh'fhaighneachd i: "Saoil Carson a tha e fada nas phasa dhomh spèis nas làidire a bhith agam do mo ghnè fhèin na do ghnè-sa. Chan dèan mi steam' dheth, oir gur mi neach a tha fallainn nan inntinn."

PEARSANTACHD AGUS IOMAIRTEACHD

'S an aon seòrsa dòigh nach do thagh Ethel a feisealachd, cha do thagh i a nàdar. B' e caractar a bh' innte, uaireannan gun smachd agus uaireannan croiseil.

Bha i gu làidir an aghaidh pòsadh ach b' e measgachadh de dealas dha h-obair a bharrachd air ùidhean ioma-leannanach agus cho làidir rag 's a bha i a bu choireach. Ann an litir gu a màthair, sgrìobh i "fiù 's nan tuitinn ann an trom ghaol le Brahms agus gum beireadh e geallasadh pòsайдh dhomh, dhiùiltainn!".


Chaidh an neo-eisimeileachd seo agus mar a dhiùltadh i gabhail ri suidheachaidhean mar a bha iad aithneachadh, san dòigh a bu mhotha, nuair a chur i a h-obair gu aon taobh, aig aoi 52, airson pàirt a ghabhail ann an gluasad còir-bhòtaidh nam ban. An seo, thug i oirre aon dhe na h-amannan as dian na beatha - air bun-stèidh iomairteachd phoilitigeach, càirdeas dealasach le sufaraid Emmeline Pankhurst agus dà mhìos ann am prìosan Holloway as dèidh uinneagan a' bhristeadh air Taighe na Pàrlamaid.

Anns an àm a bu ghlòrmhor dha beatha – agus àm a bu chòir a bhith air a mholadh agus a chomharrachadh ann an eachdraidh farsaing, chan e a-mhàin a h-eachdraidh fhèin - cha robh spionnadhl Smyth air a mhùchadh. An àite sin, chruinnich i buidheann de bhoireannaich, le chèile gaisgeil, agus thug i orra air fad an laoidh làidir aice a sheinn. Thug i stiùireadh dhaibh gu beòthail agus gu dealasach – le bruis-fhiacan – bho uinneag os an cionn.

GEARR-CHÙNNTAS

Na leabhar-latha faisg air deireadh a beatha, 's i fulang bho seinn sa chluas agus call claisneachd, chur i a spiorad cruthachail gun chrìoch ann a bhith a' sgrìobhadh. Dh'aidich i an eagal a bu mhotha a bh' aice mun bhàs: nach rachadh oirre cumail a' sabaid, gus am biodh a cliù air chuimhneachadh agus a ceòl air chluinntinn. Gu truagh, agus gu h-ìoranta, bha a lèirsinn ceart – airson greis. Gu taingeil, le ùidh as ùr anns an obair aice agus a pearsa anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, tha an cuibhle air tighinn mun cuairt.

A bharrachd air a bhith ag èisteachd ri a ceòl brìghmhor beairteach, ann a bhith a' coimhead air bheatha dealasach Ethel agus na choilean i gu mìorbhailteach, tha air fhàgail againn rabhadh: mu bhith a' gabhail ri cleachdaidhean shòisealachd an àite ar pearsantachd fhèin - agus na rudan a tha sinn a' call nuair a nì daoine sin.



The logo features the words "Still I Rise" in a large, stylized, dark blue font. A small black bird is perched on the top of the letter "I".

Still I Rise is Supported by:

Aberdeen City Council, Aberdeen Endowments Trust, Alexander Moncur Trust, Balgay Children's Society, The Boshier-Hinton Foundation, Castansa Trust, Educational Institute of Scotland, The Ettrick Charitable Trust, Forteviot Charitable Trust, Gannochy Trust, Hugh Fraser Foundation, Jimmie Cairncross Charitable Trust, Leach Family Charitable Trust, Leisure & Culture Dundee, MEB Charitable Trust, Nancie Massey Charitable Trust, New Park Educational Trust, Northwood Charitable Trust, PF Charitable Trust, Scott-Davidson Charitable Trust, Scottish Association for Music Education, Steel Charitable Trust, Tillyloss Trust, Trades House of Glasgow, Verden Sykes Trust, Walter Scott Giving Group.



Royal Scottish National Orchestra
19 Killermont Street, Glasgow G2 3NX

Charitable Company registered in Scotland
Company Number: SC027809
Scottish Charity Number: SC010702

The RSNO is supported by
the Scottish Government

